



Tiotal: Co-ionannachd Leisbeach, Gèidh agus Dà-sheòrsach (LGB)

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn agus is urrainn dhomh a mhìneachadh cudromachd agus an fheum air dealas, earbsa agus spèis ann an dàimhean gràdhach agus gnèitheasach. Tha mi a' tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadhb. HWB 3-44c</p> <p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha mo bhodhaig eadar-dhealaichte, agus mar a tha mo ghnèitheasachd agus gnèitheasachd dhaoine eile a' tighinn air adhart. HWB 3-47a</p>	<ul style="list-style-type: none">A' sealltainn spèis agus tuigse de dh'iomadachd dhàimhean gaoil agus feisealachd, mar eisimpleir dàimhean LGBTI, pòsadhb, fuireach còmhla, co-phàrantachd.Ag aithneachadh buaidh inbhidheachd agus tighinn gu buil feisealachd.

Amasan ionnsachaidh

- Gun seall daoin' òga spèis agus tuigse do dhaoine de gach taobhadh feiseil.
- Gun ionnsaich daoin' òga nach gabhar ri burraidheachd no sàrachadh cho-aoisean LGBT

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn gu bheil gach neach gun shamhail agus gu bheil dhaoine de gach taobhadh feise airidh air spèis agus aithneachadh.
- Tha mi a' tuigsinn m' fheisealachd fhìn a' tighinnn gu buil.
- Tha mi a' togail sgilean agus misneachd gus seasamh an aghaidh burraidheachd no sàrachadh dhaoine LGBT.

NÒTA: Ged is e rùn goireas RSHP gum bi gach taobhadh feise a' toirt a-steach a h-uile gnè agus thar gach gniomh ionnsachaidh, bidh an seisean seo a' coimhead air co-ionannachd LGB. Nuair a bhios sinn a' bruidhinn mu dheidhinn seo, tha sinn ag aithneachadh gum faod dhaoine òga LGBT fhathast sàrachadh no burraidheachd fhulang, agus tha sinn airson a bhith soilleir nach eil seo ceart. Tha sinn cuideachd airson ar fòcas a chur air na tha deimhinneach agus cuideam a chur gu bheil taobhadh feise mu ghaol agus dàimhean.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Coming out* (faid 2 mion. 38) bho amaze.org: <https://youtu.be/7YXcg8HJs18>
- Shh! Silence Helps Homophobia* (Film LGBT Youth Scotland 7 mion. 2) <https://youtu.be/XQKGigb5I28>
- Beachdan dhaoin' òga air an toirt bho Equal at school? School Report Scotland: The experiences of lesbian, gay, bi and trans young people in Scotland's schools in 2017: <https://www.stonewallscotland.org.uk/scotland-research/education/school-report-scotland>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Tòisich an seisean mar seo: Tha leasan an latha an-diugh mu dheidhinn Co-ionannachd LGB, agus mar sin tha sinn a' bruidhinn mu bheatha dhaoine leasbach, gèidh agus dà-sheòrsach agus na còraichean aca a bhith beò le spèis agus urram daonna. Gabh ris gum bi eòlas aig na daoin' òga air na teirmean ach cleachd na slaghdean airson mìneachadh, deasbad agus dèanamh cinnteach à tuigse:

Na faclan a bhios sinn a' cleachdadach gus bruidhinn mu thaobhadh feiseil:

Tha taobhadh feiseil a' ciallachadh cò tha tarraingeach dhutsa.

- Canaidh sinn gu bheil neach **gèidh** nuair a tha gaol aca air neach dhen aon ghnè. Bidh sinn a' cleachdadach seo nuair a bhios sinn a' bruidhinn air dithis fhireannach còmhla no dithis bhoireannach còmhla.
 - Canaidh sinn gu bheil neach **leisbeach** nuair a tha boireannach ann an gaol ri boireannach (airson boireannaich faodaidh sinn **gèidh** a cleachdadach cuideachd).
 - Canaidh sinn gu bheil neach **dà-sheòrsach** nuair a a tha iad a' faireachdainn gun urrainn dhaibh a bhith ann an gaol ri neach den aon ghè riuthasan no diofar ghnè.
 - Canaidh sinn gu bheil neach **eile-sheòrsach** (cleachdaidh cuid de dhaoine 'straight' sa Bheurla) nuair a bhios gaol aig daoine de dhiofar ghnè air a chèile, mar sin fireannach agus boireannach.
 - 'S dòcha gu bheil teirmean eile ann a cleachdas daoine – 's dòcha gun cuala sibhse feadhainn?
+
2. Mìnich gu bheil teirm no dhà eile ann a dh'fhaodadh a bhith feumail airson a' chòmhraíd. A-rithist can gur dòcha gum bi eòlas aig na daoin' òga orra mar-thà ach seall iad agus brosnaich còmhradh. 'S iad na teirmean **Gràin-co-sheòrsachd** no **homophobia** agus **gràin-dà-sheòrsachd** no **biphobia** – dèanamh cinnteach à tuigse.

Tha **Gràin-co-sheòrsachd** a' ciallachadh dòigh-smaoineachaidh no giùlan neo-dheimhinneach mu neach air sgàth 's gu bheil iad leisbeach no gèidh. Tha **Gràin-dà-sheòrsachd** a' ciallachadh an aon rud ach mu dhaoine a tha dà-sheòrsach. Faodaidh cànan sgreataidh a bhith an lùib **gràin-co-sheòrsachd** agus **gràin-dà-sheòrsachd** no maoideadh no fòirneart an aghaidh dhaoine LGB de gach aois.

3. 'S e teirm eile a' **tighinn a-mach**. Seall an slaghda, brosnaich còmhradh/soilleir:

'S e **tighinn a-mach** a chanas sinn ris nuair a dh'innseas neach an taobhadh feiseil do neach eile.

Mìnich gu bheil amhòr-chuid againn air ar togail gus smaoineachadh gu bheil a h-uile duine air an tàladh chun a' ghnè eile (eile-sheòrsach). Do dhaoine a tha eile-sheòrsach, ma tha, chan fheum iad tighinn a-mach mar rud sam bith, oir is e sin a bhios daoine a' saoiltinn co-dhiù. Feumaidh daoine LGB an roghainn a dhèanamh a ràdh gu bheil iad leisbeach, gèidh no dà-sheòrsach - no gun innse gu bheil iad air an tàladh gu cuideigin den aon ghnè (no an dà chuid ma tha iad dà-sheòrsach). Faodaidh daoine LGB tighinn a-mach aig amannan eadar-dhealaichte, agus is dòcha dìreach do chuid de dhaoine ma tha dragh orra mu na chanas iad no na nì iad. Bu chòir dha bhith an urra ris an neach LGB tighinn a-mach. Cha bu chòir do dhuine sam bith eile a ràdh cò iad gun chead bhuapa. Coimhead am film goirid agus brosnaich còmhradh mu bheachdan no ceistean sam bith a thig am bàrr:

Coming out (faid 2 mion 38): <https://youtu.be/7YXcg8HJs18>

4. **Cò ris a tha e coltach a bhith òga agus leisbeach, gèidh no dà-sheòrsach?** Inns gu bheil rannsachadh a chaidh a dhèanamh ann an Alba mu bheatha dhaoin' òga LGB. Ach mus seall thu sin, seo film mu eòlas aon bhalach dhen sgoil. Coimheadaibh **Shh! Silence Helps Homophobia** (Film bho LGBT Youth Scotland 7 mion. 2) <https://youtu.be/XQKGigb5I28> às dèidh dhuibh a choimhead dèan sgrùdadh air beachdan nan daoin' òga air an fhilm.
5. **Daoin' òga LGB, burraidheachd agus fòirneart san sgoil** agus an uair sin **Ciamar a tha na daoin' òga a' faireachdainn mun seo?** Seall an ath 3 shlaighdean, agus às dèidh a' chiad fhear faigh beachdan agus brosnaich deasbad. An uair sin bruidhnibh mun dàrna fear, agus an treas fear (ann am buidhnean beaga, an uair sin a' bhuidheann shlàn, no dìreach mar aon bhuidheann).
6. Cuir na ceistean air an ath shlaighd airson còmhradh a bhrosnachadh – ann am buidhnean beaga an toiseach no dìreach mar aon bhuidheann: **Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn no dè dhèanadh tu mu dheidhinn nam biodh caraid agad a bha a' fulang burraidheachd no fòirneart mar seo? Dè bu chòir do dh'inbhich a dhèanamh – san dachaigh no san sgoil gus taic a thoirt do dhaoin' òga LGB? Dè bu chòir do dhaoin' òga san sgoil seo a dhèanamh?**
7. Mìnich, a dh'aindeoin cuid de na droch eòlasan a th' aig daoine òga LGB, gu bheil e an aghaidh an lagh leth-bhreith a dhèanamh air cuideigin no an sàrachadh ma tha iad leisbeach, gèidh no dà-sheòrsach. (Seall an ath shlaighd) Tha tòrr atharrachaidhean deimhinneach air tachairt gus beatha dhaoine LGB a dhèanamh cothromach agus co-ionann.
 - Pòsadh co-ionann airson 's gum faod daoine LGB pòsadh.
 - Faodaidh daoine LGB a bhith nam pàrantan le bhith ag uchd-mhacachadh chloinne no le bhith nam pàrantan-dalta.
 - Faodaidh daoine LGB obair sam bith a dhèanamh.

Aidich nach robh e daonna mar seo. San àm a dh'fhalbh chaidh dèiligeadh ri daoine LGB gu mì-chothromach agus dh'fhiling iad leth-bhreith agus fòirneart. 'S e an duilgheadas an-diugh, eadhon ged a tha an lagh ag ràdh gum feum co-ionannachd a bhith ann, nach eil a h-uile duine ag obair ann an dòighean a tha cothromach agus a' gabhail ris a h-uile duine eile, dìreach mar a bha follaiseach dhan bhalach san fhilm na bu thràithe, agus mar sin chan eil a h-uile duine a' làimhseachadh dhaoine LGB gu co-ionann agus le spèis.

Cuir a' cheist: **Dè tha thu a' smaoineachadh a thug gu buil cuid de na h-atharrachaidhean deimhinneach a chuidich le bhith a' dèanamh rudan nas co-ionanna do dhaoine LGB?**

Dh'haodadh na daoine òga feadhainn de na leanas a mholadh, no faodaidh tusa: Tha an lagh ag ràdh gum bu chòir dèiligeadh ri daoine gu co-ionann, tha barrachd dhaoine LGB a-muigh agus pròiseil cò iad, chì thu tòrr a bharrachd dhaoine LGB air Tbh no meadhanan sòisealta (mar sin tha iad nas fhaicsinniche) agus tha buill teaghlaich LGB aig mòran againn, agus tha seo ga dhèanamh gu math àbhaisteach do dhaoine a bhith eòlach air agus a' bruidhinn air.

8. **Pròis:** Mìnich gur e aon dòigh air cùisean a dhèanamh nas fheàrr dhan choimhearsnachd agad a bhith deiseil gus innse dha daoine dè dh'fheumas atharrachadh mun chomann-shòisealta. 'S e seo a tha daoine LGB air a bhith a' dèanamh. Seall an slaighd agus bruidhinn mu na tha Ella air fhaighinn a tha na chuideachadh:

“Tha a bhith nam pàirt de choimhearsnachd LGBT air a bhith a’ ciallachadh tòrr dhòmhhsa sna bliadhnaichean a chaidh seachad. Tro thachartasan mar *Pride*, buidhnean òigridh LGBT agus bùihtean-obrach tha mi air tachairt air daoine iongantach a tha gu lèir a’ dèanamh gairdeachas agus a’ gabhail ri chèile. Ella aois 17

9. **Bratach na bogha-fhrois:** Faighnich dha na daoin’ òga an cuala iad mu dheidhinn *Pride* agus am faca iad a’ Bhratach Bogha-fhrois a chaidh a chur suas a (seall an slaighd) tha air a bhith na shamhla de LGBT *Pride*. Mìnich gun deach brataichean bogha-froise a chleachdad le mòran chultaran agus buidhnean-strì ach air bratach LGBT tha gach dath a’ riochdachadh rudeigin. Leugh agus bruidhinn mu na tha gach dath a’ riochdachadh agus *carson a dh’faodadh seo a bhith cudromach do dhaoine a tha ag iarraidh co-ionannachd agus a bhith saor gu bhith mar a thogras iad fhèin?*

10. **’S e Gaol a th’ ann an Gaol:** Seall an slaighd agus leugh an abairt. Dè tha daoine òga a’ smaoineachadh a tha an abairt *’S e Gaol a th’ ann an Gaol a’* ciallachadh? Ma tha feum air, mìnich gur e seo abairt a thathas a’ cleachdad gu tric a-nis gus cuideam a chur air a’ phuing gur e daoine a th’ annainn uile, chan eil sinn ag iarraidh ach còir taghadh cò air a tha gaol againn. (Tha an abairt bhon leanabh 5 bliadhna a dh’aois a’ mìneachadh seo gu math).

11. Crìochnaich le bhith ag innse dha na daoin’ òga gu bheil a’ bhuidheann LGBT Youth ann an Alba gus fiosrachadh agus taic a thoirt seachad. Cuideachd, cuir nan cuimhne gum faod iad bruidhinn riut an-còmhnaidh ma tha ceist sam bith aca mu rud sam bith a thig suas dhaibh ann an leasanan. Air an t-slaighd:

Tha LGBT Youth a’ tabhann fiosrachadh agus taic: <https://www.lgbtyouth.org.uk>

Beachdan eile

- ’S e dòigh a th’ anns an LGBT School Charter san dèan sibh cinnteach gu bheil an sgoil agaibh ion-ghabhalach agus taiceil do dhaoine LGBT: <https://www.lgbtyouth.org.uk/national-programmes/schools-and-teachers/lgbt-schools-charter/>
- Tha Stonewall air loidhne-tìm de cho-ionannachd LGBT a chruthachadh: <https://www.stonewall.org.uk/about-us/key-dates-lesbian-gay-bi-and-trans-equality>

Ceangal ris an dachaigh

Dh’fhaodar an teacs a h-iosal a chleachdad gus fios a chur dhachaigh mun ionnsachadh seo.

Tha fios aig a’ mhòr-chuid de dhaoin’ òga dè tha e a’ ciallachadh a bhith gèidh, leasbach no dà-ghnèitheach. Faodaidh iad a bhith nam pàirt de theaghach le pàrantan no buill teaghlaich a tha gèidh, leisbeach no dà-sheòrsach. Aig toiseach na h-àrd-sgoile is dòcha gu bheil iad a’ smaoineachadh air an taobhadh feise aca fhèin. Bidh sinn a’ cur seachad aon seisean a’ coimhead gu sònraichte air co-ionannachd LGBT. Nuair a bhios sinn a’ bruidhinn mun seo sa chlas, tha sinn ag aithneachadh gum faod daoine òga LGBT fhathast sàrachadh no burraidheachd fhulang, agus tha sinn airson a bhith soilleir nach eil seo ceart. Tha sinn cuideachd airson gum bi ar fòcas air na tha deimhinneach agus a’ cur cuideam gu bheil ar taobhadh feise mu ghràdh agus dàimhean. Tha an leasan seo na phàirt den ionnsachadh againn spèis a thoirt dha chèile agus a bhith coibhneil dha na h-uile.

Tha tòrr fiosrachaид agus taic aig a’ bhuidheann **LGBT Youth** do dhaoin’ òga a tha leisbeach, gèidh no dà-sheòrsach. <https://www.lgbtyouth.org.uk>

“S e buidheann saor-thoileach a th’ ann am **Parents Enquiry Scotland** a tha a’ tabhann fiosrachadh agus taic do phàrantan mhac no nigheanan a tha air tighinn a-mach leisbeach, gèidh, dà-sheòrsach no tar-ghnèitheach. Tha a’ bhuidheann 40 bliadhna a dh’aois. <http://parentsenquiryscotland.org/>

Nòtaichean Tidseir